

Fiosrachadh Feumail: Obair Camara

Prìomh phuingean

Air feadhainn de na camaras tha switch ann air an taobh chli air beulaibh a' chamara airson atharrachaidhean a dhèanamh air na bhios an ring mun cuairt an lens a dèanamh m.e. iris, focus is zoom. Tha mìneachadh nas domhain mui dheidhinn seo gu h-ìosal.



Sgrìon- Slaod an sgrìon a-mach bhon taobh chli

Power on - Air na kits a tha seo tha na air/dheth switches aig cùl a' chamara.

Cairt SD - Bu choir do cairt SD a bhith còmhla ris a' kit agus tha e a' dol a-steach aig cùl a' chamara neo ri taobh an sgrìon air an taobh a-staigh.




Clàradh - Tha am putan airson ri lorg aig cùl a' chamara neo air muin a' chamara. 'S e seo aon dhe na rudan as simplidh a lorg oir 's e putan mòr dearg a th' ann!

Focus- Gheibh thu lorg air am focus ring timcheall air an lens aig beulaibh a' chamara. Cluich leis, le bhith ga thionndadh bho thaobh gu taobh agus dèan cinnteach gum faigh thu focus air an duine/rud as cudromaiche san dealbh agad.

Zoom (rocker)-Tha rocker air taobh a dheas dhen chamara gus 'zoom in' agus 'zoom out' a dhèanamh. Air feadhainn de na camaran tha dà ring mun cuairt an lens.

Iris - Bidh an iris air a' chamara ag obrachadh dìreach mar a bhios sùil. Ma tha e fosgailte cho mòr as urrainn dha a bhith, leigidh e tòrr solais a-steach dhan dealbh agad ach mura h-eil e fosgailte gu leòr, bidh an dealbh agad gu math dorcha. Chan eil thu airson 's gum bi an dealbh agad ro shoilleir ach chan eil thu airson 's gum bi e dorcha nas motha.

White balance - Cuir an camara suas anns an àite far a bheil thu dol a bhith clàradh agus faigh greim air pìos paipear geal. Cuir am pìos paipear air beulaibh a' chamara agus brùth air a' phutan a tha coimhead mar seo:  Nì seo cinnteach gum bi an dath air a' chamara cho cinnteach 's a tha e comasach. Dèan cinnteach nach atharraich thu an solas mus dèan thu an clàradh. Ma tha an solas anns an rùm far a bheil thu air atharrachadh neo ma tha thu a' cur solas eile a-steach dhan suidheachadh, dèan cinnteach gun dèan thu an gnìomh seo a rithist.

Mura h-eil am putan seo air a' chamara agad, gheibh thu lorg air an 'white balance' setting agad ann am menu a' chamara fhèin agus obrachaidh e san aon dòigh.

Fuaim - Airson check a dhèanamh air an fhuaim, bidh feum agad air na headphones anns a' kit. Gheibh thu cuideachd mic agus cable SLR anns a' kit, agus ann am feadhainn dhiubh bidh mic fada agus mic goirid ann. Tha e an urra riut fhèin dè am fear a tha thu airson cleachdadh. Ma tha thu ag iarraidh an fhir fhada a chleachdadh, faigh greim air a' cable SLR agus cuir a-steach dhan mic e agus an taobh eile gu channel 1 (CH1) air a' chamara. Tha clamp le 'quick release' air a' chamara far am bi am mic na shuidhe. Mus cluich thu leis na settings, cuir na headphones agad air agus dèan test le bhith a bruidhinn a-steach chun a' mic agus ma tha thu 'a cluinntinn an fhuaim tro na headphones, tha iad ag obrachadh! Air an sgrìon agad bidh dà bhar ann a bhios a' sealltainn ìre an fhuaim a' dol suas agus sìos. Ma tha thu a' bruidhinn a-steach dhan mic agus tha na bars seo a' tionndaidh dearg neo ma tha iad 'a suidhe cho àrd as urrainn dhaibh, the e a ciallachadh gu bheil ìre a' mic ro àrd. Airson seo a chur sìos tha thu ag iarraidh an dial a thionndadh sìos airson channel 1 (CH1) mar a tha e anns an dealbh gu h-ìosal. Dèan test neo dhà a' cleachdadh an dòigh seo gus a bheil am fuaim

aig ìre a tha thu toilichte leis, air neo nuair a tha an dà bhar sin a' suidhe anns a' mheadhain.


CUIMHNICH- Tha diofar ann eadar ìre a' mic agus an volume air na headphones. Chì thu na volume settings airson nan headphones agad ann am menu 'settings'.



Sgilean agallaimh

Aon chamara

Cuir an camara suas air an tripod agus dèan cinnteach gu bheil am bass plate air a' chamara glaiste air an tripod. Faigh greim air dà chathair, aon airson an daoine a tha a' faighneachd nan ceistean agus fear eile airson an daoine a tha gam freagairt. Coimhead air an diagram gu h-ìosal agus cuir an duine aig beulaibh a' chamara anns an àite far a bheil a tha e san diagram. Ma tha solas/solais agad 's urrainn dhut a chur/an cur suas mar a tha iad anns an diagram ach, mura h-eil, na gabh dragh. Tha thu ag iarraidh àite soilleir airson na h-agallamhan a dhèanamh. Aon rud a tha cudromach- chan eil thu ag iarraidh a' chamara a bhith a' coimhead a-mach uinneag far a bheil solas a tighinn a-steach. Ma nì thu sin, gheibh thu rud ris an canar "backlit". Tha seo a' ciallachadh gu bheil an camara a' togail cus solais agus gum bi an duine air beulaibh a' chamara a tighinn a-mach mar silhouette- chan eil thu ag iarraidh seo!



Ma tha thu a' dèanamh agallamh far a bheil cuideigin eile a' faighneachd nan ceistean, tha e cudromach gu bheil an neach a tha a' freagairt nan ceistean a' coimhead air an duine a tha gam faighneachd- feuch gun a bhith a coimhead a-steach chun a' chamara. Airson agallamh mar seo tha thu ag iarraidh 'close up' shot- dìreach mar a bhiodh tu coltach ann an Zoom/Teams call! Tha thu ag iarraidh beàrn beag fhàgail eadar mullach a' frame agus mullach ceann an duine anns an shot.

Gearradh

Seo ceangal gu h-ìosal gu artaigeal mu dheidhinn bathar-bog gearraidh as fheàrr a tha saor an asgaidh..

<https://www.creativebloq.com/buying-guides/best-free-video-editing-software>

Shot sizes

SHOT SIZES



XLS
Extra Long
Shot



LS
Long Shot



MLS
Medium Long
Shot



MS
Medium Shot



MCU
Medium
Close-Up



CU
Close-Up



BCU
Medium
Close-Up



XCU
Extreme
Close-Up